# SEALLAIDHEAN SÙLA



IAIN C. MAC A' GHOBHAINN

AINM ____________________

CLAS ____________________

e-stòras



# CLÀR-INNSE


NA STOC-AINNEAN 1

SGEULAC-HD COGA-IDH 2

OIDHCHE SHAMHNA 3

AIG Á CHLADACH 4

ANNS AN SGOIL 5

TUBAIST 8

NA CEISTEAN 8

AM PROIF-EASAIR S A NIGHEAN 13

ANN AM BOSNIA 14

Á GABHAIL BRATHA 18

AN ATH-SHEALL ADH 20

SHUAS ANNS AN LOBHTA 21

# NA STOCAINNEAN

**Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar. Bruidhinnibh mu dheidhinn nan ceistean a leanas sa chlas an uair sin:**

1. Dè th' ann an ceàrd?
2. Càit' an robh iad a' fuireach ann an Leòdhas?
3. Carson a bha iad cho bochd?
4. Ciamar a bhiodh iad a' feuchainn ri beòshlaint a dhèanamh?
5. Ciamar a bha daoine riutha? Carson?

## PUINGEAN MATHA?

## PUINGEAN DONA?

# OBAIR DACHAIGH

Fhuair Iain an "strap" bho Mrs MacDonald airson a bhith a' sabaid, ach cha d' fhuair mac na banacheaird. Fhuair e trì stràicean. An robh seo ceart? An e droch pheanas a bh' anns an t-strap no peanas math?

Faigh a-mach dè am beachd a th' aig pàrant, no cuideigin mar do sheanair/sheanmhair, air an t-strap. An d' fhuair iad fhèin i a-riamh? An robh iad a' faireachdainn gun robh iad airidh oirre no nach robh? Sgrìobh notaichean agus innis dhan chòrr den chlas mu na fhuair thu a-mach. Dh'fhaodadh còmhradh a bhith agaibh sa chlas an uair sin mu:

"BU CHÒIR DHAN T STRAP A BHITH AIR A TOIRT AIR AIS DHAN SGOIL!"

# SGEULACHD COGAIDH

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.

A-nis, sgrìobh am facal/na facail anns an sgeulachd aig a bheil an aon chiall ris an fheadhainn seo:

(d.9) gu faiceallach = gun eòlas =

(d.10) iomagaineach = cuan =

gaisgeil = na theine =

a' tighinn sìos =

(d.11) a' tighinn faisg air =

a' losgadh =

sabaid = laoch =

(d.12) deàrladh =

## AN ROBH DUINE IS AITHNE DHUIBH FHÈIN ANNS AN DÀRNA COGADH?

Feuch an lorg thu cuideigin leis am b' urrainn dhut agallamh a dhèanamh mar a rinn Murchadh le Ruaraidh. Dh'fhaodadh tu fhèin a chlàradh air teip cuideachd, is dòcha.

No

Dh'fhaodadh an tidsear fear a thoirt a-steach don sgoil gus am biodh cothrom agaibh, mar chlas, ceistean fhaighneachd dha mu na thachair ris sa chogadh. Dh'fhaodadh sibh na ceistean a tha sibh airson a chur air a dhèanamh suas ro làimh, ma thogras sibh.







SEALLAIDHEAN SULA 2

# OIDHCHE SHAMHNA

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.

## Bruidhinnibh sa chlas mu cheistean mar seo a-nis:

Dè bhitheas sibh fhèin a’ dèanamh airson Oidhche Shamhna?

Am bu chòir dhuinn a bhith a’ cumail Oidhche Shamhna ann an àite mar Leòdhas idir?  Carson?

## SGRÌOBH FHÈIN A NIS SGELACHD MU OIDHCHE SHAMHNA







***Feuch gun smaoinich thu mu dheidhinn nan rudan seo mus tòisich thu air do sgeulachd:**

**Am Plot**
**Na Caractaran**
**An Suidheachadh**
**Stoidhle Sgrìobhaidh**
**Facail Fhreagarrach**

SEALLAIDHEAN SULA 3

# AIG A' CHLADACH

**Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.**

**Dèanaibh còmhradh mu na leanas sa chlas an uair sin:**

1. Am bi sibh fhèin a' dol don chladach aig àm sam bith?
2. Carson?
3. Dè na cunnartan a th' ann?
4. An deach sibh fhèin faisg air droch thubaist a-riamh aig a' chladach, no an robh droch thubaist agaibh?
5. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' cruthachadh 'eagal' anns an sgeulachd?
6. Carson a tha dathan air an cleachdadh cho tric?





# ANNS AN SGOIL

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.

Freagair na ceistean seo a-nis:

1. Ciamar a fhuair Crazy is Dopey a-steach dhan sgoil? (1)

2. Dè na facail air d.22 a tha a' ciallachadh an aon rud ri dh'fhàs e fiathaich. (1)

3. Dè bha Crazy airson a dhèanamh? (1)

4. Carson a bha e airson seo a dhèanamh? (2)



5. Dè tha e a' ciallachadh "bith" a bhith agad do dhuine? (1)

SEALLAIDHEAN SULA 5

# ANNS AN SGOIL

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.

6. Carson a bha Crazy a' faireachdainn gun robh e "coltach ri Dia" nuair a fhuair e am farainm aige airson gun robh e "às a chiall"? (1)



7. Nad bheachd fhèin, a bheil e coltach ri Dia, no nas coltaiche ris an t-Sàtan? Innis ciamar a thàinig thu don cho-dhùnadh agad? (2)

8. Cò eile, a bharrachd air na tidsearan, a bhitheadh ris? (1)

9. An robh Dopey cho dàn ri Crazy? (1)

10. Carson nach deach e dhachaigh? (1)

SEALLAIDHEAN SULA 6

# ANNS AN SGOIL

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.

11. Dè tha e a' ciallachadh nuair a tha e air a radh gun robh an t-anam aig Crazy fhèin "na smàl"? (2)

12. An e caraidean matha a bh'ann an Crazy agus Dopey?  Innis cia mar a thàinig thu don cho-dhùn adh agad? (2)



13. Dè an coltas a bha air an dà thid-sear a thàinig chun an dorais? (2)

14. Dè bh' annta? (1)

15. Dè tha e a' ciallachadh gun do "ruith iad dhachaigh nan deann ruith"? (1)

Comharraidhean
Air Fad: 20

# TUBAIST

**Eisteachd**

Eist ris an teip. Faodaidh tu notaichean a ghabhail. Nuair a tha an leughadh deiseil, bidh cothrom agad coimhead air na ceistean airson greis is barrachd notaichean a dhèanamh. Bidh an teip air a cluich a-rithist an uair sin. Nuair a tha an leughadh seo seachad, freagair na ceistean.



# NA CEISTEAN

**Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.**

1. Dè bh' ann am Màiri, agus càit' an robh i ag obair? (2)

2. Dè an aois a bha i? (1)



# NA CEISTEAN

**Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.**

### 3. Cò às a bha i? (1)

### 4. Dè bh' ann an Coinneach? (2)



### 5. Cò air a bha Coinneach dèidheil? (1)

### 6. Dè bha Màiri ag iarraidh air fhaighinn agus, carson, an dùil? (2)

SEALLAIDHEAN SULA 9

# NA CEISTEAN

**Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd  san leabhar.**

7. An robh dùil aig Màiri gun èisteadh Coinneach rithe? (1)

8. Dè an rud mun obair aice nach bu chaomh le Màiri idir? (1)

9. "Bha an trafaic mun cuairt oirre dian…." An robh na rathaidean trang? (1)

10. Dè bha ceàrr air fear a thàinig a-steach gu Casualtaidh aon oidhche, agus dè bh' air tachairt dha? (3)

11. Thoir seachad trì adhbharan a bh' aig Màiri airson nach tilleadh idhach-aigh, eadhan ged a bha a h-obair glè throm oirre uaireannan? (3)




SEALLAIDHEAN SULA 10

# NA CEISTEAN

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd  san leabhar.

12. Dè chunnaic i a thug oirre a dhol lag le eagal an oidhche seo? (2)




13. Cò bha i a' smaoineachadh a bh' ann? (1)

14. Ma bha **"…a beatha 's a dòchas a' sileadh air falbh,"** ciamar a bha i a' faireachdainn? (1)

15. Ciamar a fhuair i faochadh? (2)

SEALLAIDHEAN SULA 11

# NA CEISTEAN

**Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.**



16. Dè fhuair i a-mach nuair a chaidh i gu fòn? (2)

17. Dè an dath a bh' air falt Màiri? (1)



18. An dùil carson a bha i airson na stoidhle aice atharrachadh? (3)

**Comharraidhean Air Fad: 20**

SEALLAIDHEAN SULA 12

# AM PROIFEASAIR 'S A NIGHEAN

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.

**Dèanaibh còmhradh mu na leanas sa chlas an toiseach agus sgrìobhaibh sìos freagairtean an uair sin:**

1. Thuirt Proifeasair Harrison gun fheumadh e fhèin agus Ruth an talamh fhàgail. Carson a bha seo?
2. Dè bhuaidh a th' aig sgrios an ozone layer air an talamh?
3. Dè na doighean eile anns a bheil sinn a' truailleadh na h-àrainneachd?
4. Dè ghabhas a dhèanamh mu dheidhinn seo?
5. Dè na buidh-nean a th' ann am bith airson a bhith a'cumail dìon air an àrainneachd?
6. Cò bha Ruth airson a thoirt leatha ma bha aice ri falbh? Carson, an dùil?
7. Carson nach fhao-dadh i seo a dhèanamh?
8. Am biodh tu fhèin air an taghadh a rinn ise aig an deireadh a dhèanamh?
9. Ciamar a tha Ruth a' sealltainn gun robh gràdh mòr aice dha Grey agus dhan ghàirnealair?
10. A bheil gràdh cho mòr agad fhèin do dhuine, no do rud, sam bith 's gum bitheadh tu deònach fèin-ìobradh a dhèanamh dha/dhi mar a rinn Ruth?



# ANN AM BOSNIA

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.

## RANNSACHADH

Lorgaibh far a bheil Bosnia air map den Roinn-Eòrpa. Faighibh a-mach carson a bha Cogadh Sìobhalta anns a' cheàrnaidh seo den Roinn-Eòrpa anns na 1990s an uair sin. Faodaidh sibh fiosrachadh a lorg air an eadar-lìon, bho CD Rom no à leabhar mòr-eòlais. Bruidhinnibh mu dheidhinn na lorg sibh a-mach sa chlas.

Freagair na ceistean seo air an sgeulachd a-nis:

1. Càit' am biodh an snaidhpear ga fhalach fhèin? (1)

2. Càit' am biodh e a' coimhead airson duine air am b' urrainn dha a ghunna a losgadh? (1)

3. Carson a bha e cho feargach? (2)

# ANN AM BOSNIA

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.







4. Ciamar a bha Sarajevo air atharra-chadh bho mar a bha e uaireigin? (4)

5. Cò air a bhiodh an snaidhpear a' smaoineachadh? (3)

6. Dè an obair a bh' aige mus robh e na shaighdear? (1)

# ANN AM BOSNIA

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.

7. Dè chunnaic e a thug air a ghunna a thogail gu a ghualainn? (1)



8. Cò ris a bha an snaidhpear ga shamhlachadh fhèin? (2)

9. A bheil thu a' smaoineachadh gun robh e da-rìribh airson a thargaid a mharbhadh? Sgrìobh facail às an earrainn airson do bheachd a dhearbhadh. (2)

10. Carson nach do bhrùth e an trigear? (2)

# ANN AM BOSNIA

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.

11. Ciamar a tha fios againn gun do chuir an rud a bha e a’ dol a dhèanamh eagal uabhasach air? (2)

12. Carson a thilg e air falbh a ghunna? (1)

13. Ciamar a bha e a’ faireachdainn as dèidh dha an roghainn seo a dhèanamh? (1)

14. Dè an coimeas a tha an sgrìobhadair a’ dèanamh eadar an snaidhpear agus toiseach an Earraich? (2)



Comharraidhean Air Fad: 20

# A' GABHAIL BRATHA

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.

## Dèanaibh còmhradh mu na leanas sa chlas an uair sin:

1. Ciamar a bha Catrìona a' faireachdainn aig an toiseach?

2. Dè am beachd a bh' aice air Gerald? Carson?

3. Carson a chuir a màthair cùl ris an duine aice?

4. Cò bha a' gabhail bratha air Catrìona anns an sgoil?

5. Dè na rudan a bhiodh i a' dèanamh a bha a' dèanamh dragh do Chatrìona?

6. Dè na dòighean anns an robh na rudan seo a' toirt buaidh air Catrìona?

7. Carson nach robh i airson gum bruidhinneadh a màthair ris a' mhaighstir-sgoile idir?

8. An robh sibh fhèin a-riamh ann an suidheachadh mar seo? Ma bha, dè bhuaidh a bh' aige oirbh? An robh eagal oirbh innse do dhuine, no leigeil do thidsear/phàrant càil a dhèanamh?

9. Dè bha a' cur iongnadh air Catrìona mu dheidhinn na tè a bha ga goirteachadh?



# A' GABHAIL BRATHA

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.

Dèanaibh còmhradh mu na leanas sa chlas an uair sin...

10. Dè bhuaidh a bh' aig an t-suidheachadh anns an robh Catrìona air a màthair?

11. Dè bha Gerald ag radh?

12. Dè thòisich màthair Chatrìona a' smaoineachadh?

13. Carson a bh' aig an tè a bha a' gabhail bratha air Catrìona ris an sgoil fhàgail?

14. Ciamar a chaidh a glacadh?

15. Cò bha fada ceàrr nam beachdan air Gerald?

16. An robh sibh fhèin a-riamh fada ceàrr anns a' bhreith a rinn sibh an toiseach air nàdar duine, san doigh anns an robh e ga ghiùlain fhèin?

17. Ma bha, cò bh' ann, agus dè thug oirbh ur beachdan atharrachadh?

18. Dè am beachd bh' aig Catrìona air Gerald ron deireadh? Carson?

19. Dè an diofar a th' ann eadar mar a bha i a' faireachdainn aig an toiseach agus mar a bha i a' faireachdainn aig an deireadh?

# AN ATH-SHEALLADH

**Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.**

**Dèanaibh còmhradh mu na leanas sa chlas an uair sin:**

**1. Dè tha e a' ciallachadh ath-shealladh a bhith aig duine derudeigin?**

**2. Dè na bruadaran a bh' aig Raibeart agus ciamar a bha iad air an coileanadh?**

**3. An do thachair a leithid seo dhuibh fhèin a-riamh no do dhuine 's aithne dhuibh?**

SGRÌOBH
FHÈIN A
NIS SGE-
LACHD MU
BHRUADAR
A BH'AGAD
A FHUAIR
COILEA-
ADH ANN AN
DÒIGH AIR
CHOREIGIN.
MUR DO
THACHAIR
A LEITHID
DHUT GU
FIRINNEACH,
DH'FHA-
DADH TU
SGEULACHD
A DHÈA-
AMH AN
AIRDE.



# SHUAS ANNS AN LOBHTA

Eistibh ris an teip is leanaibh an sgeulachd san leabhar.

Dèanaibh còmhradh mu na leanas sa chlas an uair sin:

1. Dè an aois a tha Murchadh?

2. Dè bha sonraichte mun latha seo dha?

3. Càit' an robh dùil aige a dhol a-nis? An dùil carson?

4. Dè na smuaintean a bha a' tighinn thuige 's e a' coimhead a-mach air a' bhaile?

5. Ciamar a bha e a' faireachdainn mu dheidhinn a bhith ga fhàgail? Am biodh ionndrainn air?

6. A bheil sibh den bheachd gu bheil e deiseil airson fàgail? An robh e fhèin a' smaoineachadh gu robh e deiseil?

# OBAIR DACHAIGH

Coimhead a-mach air a' bhaile agad fhèin. Fosgail uinneag, no thèid a-mach às an taigh airson mionaid no dhà:

Sgrìobh fhèin sgeulachd a-nis mu do smuaintean air a' bhaile agad fhèin.

Dè na seallaidhean a tha rim faicinn?

Dè na fuaimean a tha rin cluinntinn?

A bheil fàileadh sonraichte ann ri fhaireachdainn?

A bheil rudan mu do bhaile fhèin a bhios tu ag ionndrainn nuair a tha thu air falbh bhuaithe, no a tha thu den bheachd a dh'ionndrainneadh tu nam biodh agad ri fhàgail gu bràth?

Dè, agus cò, tha a' tighinn a-steach air d' inntinn?

SEALLAIDHEAN SULA